



[Page 20 - Finlay Cameron, "Iain Mac An Tuathanaic"](#)

ISSUE : [Issue 12](#)

Published by Ronald Caplan on 1975/12/1

am bata bhi agam a h-uile latha." Bha sin taghte leis a bhean. Thoisich e air cladh-ach toll a stigh ara 'bottom' na beinne • fhuair e stigh piOs breagha. Thrus Iain bha e 'na sguidseach a nise • agus a mhathair coinneach is rainneach is 'pile' de spruis* Chuir iad a stigh fodhpa e an ceann na h-uaimhe agus bha iad a' cadal an sin* Thog e earn chlachan a mach aig ceann na h-uairahe • bhiodh e a' bruich a' bhuntata 's a' sgadain an sin, am poit mhor* Sin an dol air adhart a bh'ann fad greis • gus an do dh'fhas Iain suas gu bhith seachd bliadhn' deug • bha e *na ghille raor, mor, mor, raor* Thuirt e ri mhathair an latha bha seo, "Mhamai, chaneil raise dol a dh'fhuireach an seo nas fhaide* Tha mi dol a chiorahead feuch a bheil duine eile air an t-saoghal seo ach sinn fhein* "Well," thuirt a mhathair, "tha raise deonach," 'Nuair a bha e falbh chuir i dk bhuntata is sgadan ann an neapacaidh bheag dhearg a bh'aice a thug a raathair dhith • an aon rud a bh'aice ris an t-saoghal mar chuimhneachan air a ma- thair • is thug i do dh' Iain e chionn nach robh aice de ghillean ach e fhein* Chuir Iain raaide beag troimh seo 's chuir e air a ghuailean e, is charaich e air* Cha deachaidh am fait a thoirt dheth riamh no'n fheusag, no sian • bha e 'na fhalt 's na fheusaig uile gu leir* Thug e seachdainn a' coiseachd gus an robh e dìreach gu bhith raarbh • ag ithe saoitheagan fiadhaich is rudan a bhiodh e a' faighinn 's a' choille • theirig an sgadan